



# Na naoi reachdan

Ann an 1609 chaidh gabhail ri naoi laghannan a dh'iarr:



- I. Gum biodh na h-eaglaisean air an **càradh**, gum biodh ministearan anns na **paraistean**, agus gum biodh an teagasg agus an smachd mar a bha iad sa chòrr dhen dùthaich.
- II. Gum biodh **taighean-seinnse** ann an àiteachan goireasach anns na h-Eileanan gu lèir, gus nach biodh aig **croitearan** bochda **cuid-oidhche** a thoirt do **luchd-siubhail**.
- III. Gum biodh daoine a bha **dìomhain** air an **ruagadh** às na h-Eileanan; nach biodh na **cinn-chinnidh** ag atharrachadh na bha aig na **fir-chinnidh** ri thoirt dhaibh; agus gum biodh na **cinn-chinnidh** riarachtaichte le àireamh iomchaidh de dhaoine' uasal agus de shearbhantan.
- IV. Gum biodh iarraidh **dèirce** air a **chasg**, agus a' gabhail àite-fuirich agus **aoigheachd** gun phàigheadh.
- V. Gum biodh **casg** air Eileanaich bho bhith a' ceannach deoch-làidir ach gum faodadh iad a dhèanamh dhaibh fhèin; gum faodadh na **cinn-chinnidh** agus **urracha** mòra eile cur a dh'iarraidh deoch-làidir bhon Ghalltachd.



- VI. Gun cuireadh gach **duin'-usal** sna h-Eileanan am mac a bu shine aca gu sgoil air choreigin air Ghalltachd; agus gum biodh iad an sin gus am biodh iad air chomas Beurla a bhruidhinn, a leughadh agus a sgrìobhadh.



- VII. Nach biodh **hagbut** no **daga** aig Eileanaich 's iad a-muigh, agus nach biodh iad a' losgadh air fèidh, geàrran no eòin le gunnaichean mar sin.



- VIII. Nach biodh **bàird** is daoine eile a' dol timcheall na dùthcha tuilleadh, a' faighinn **aoigheachd** bho na **cinn-chinnidh**, ach gum biodh iad air an cur an grèim, agus air an cur a-mach às na h-Eileanan.

- IX. Gum biodh na **cinn-chinnidh** a' cur **eucoraich** sna **sgìrean** aca an grèim, a' toirt an cuid bhuapa, agus gan cur air beulaibh **britheamh**; agus nach biodh **cinn-chinnidh** a' gabhail **eucoraich** a bha a' teicheadh bho **sgìrean** eile.

